



A' Cruthachadh Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean

Semeastar 1 2009/10

BA Gàidhlig is na Meadhanan
An Dàrna Bliadhna

Tìotal a' Mhodail:	Aithriseachd Làitheil
Còd a' Mhodail:	UP508366
Ceann-là:	Dimàirt 15 An Dùbhlachd 2009
Uair/Ùine:	09.30-11.30

'S fhiach an deuchainn seo **25%** de na comharran a tha rim faotainn uile gu lèir airson a' mhodail.

A' crìochnachadh do dheuchainn:

Tha coig ceistean san deuchainn seo. Feumaidh tu dà cheist a fhreagairt a-mach às na coig ceistean seo agus bu chòir dhut mu **uair a thìde a chosg air gach ceist.**

Tha cudrom nan ceistean co-ionnan. Cuir an àireamh oileanaich agad a-mhàin aig mullach gach duilleig. Na cuir d' ainm air gin de na duilleagan.

Tha còig mionaidean ùine leughaidh agaibh aig an toiseach airson leughadh a' phàipeir is notaichean a dhèanamh.

Faodar faclairean a chleachdadh.

Freagair DHÀ de na ceistean a leanas.

1. Dè tha ann an "aithriseachd làitheil shaoranaich" agus carson a tha e cudromach? (50%)
2. A bheil am bun-smuain "an cruinne poblach" feumail nuair a tha sinn a' measadh aithriseachd làitheil? Ciamar as urrainn dhuinn a chleachdadh? (50%)
3. A bheil luchd-aithriseachd no luchd-poileataigs nas làidire anns an strì eadar na meadhanan agus poileataigs? Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt. (50%)
4. Tagh cliù-mhilleadh **no** dìomhaireachd **no** tàir air a' chùirt, agus mìnich carson a tha an lagh sin cudromach do luchd-aithriseachd. (50%)
5. Dè an dòigh as fheàrr a bhith a' cumail bunan-thomhais modhanach aig an ìre àrd ann an aithriseachd làitheil? (50%)

Deireadh a' Phàipeir